

Na Mucan

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

An t-Alltan 2008



Caractaran

Muc 1 (Anna)

Neach-aithris

Muc 2 (Eairdsidh)

Madadh-allaidh

Muc 3 (Teàrlach)

Neach-aithris:

Bha siud ann reimhid trì mucan beaga.

Muc 1:

Anna.

Muc 2:

Eairdsidh.

Muc 3:

Agus Ronaldo.

Tha Muc 3 mas fhìor a' breabadh ball-coise.

Muc 1:

Ist. Chan e Ronaldo an t-ainm a th' ort.

Tha Muc 3 a' coimhead brònach.

Neach-aithris:

Obh obh. Tòisichidh sinn a-rithist. Bha siud ann reimhid trì mucan beaga.

Muc 1:

Anna

Muc 2: Eairdsidh

Muc 3: Agus Teàrlach.

Neach-aithris: Ach cha robh taighean aig na mucan bochda.

Tha na trì mucan a' coimhead uabhsach brònach.

Neach-aithris: Mar sin, thuir a' chiad mhuc...

Muc 1: Togaidh mise taigh dhomh fhìn! Togaidh mi taigh connlaich.

Neach-aithris: Thuir an dàrna muc...

Muc 2: Togaidh mise taigh dhomh fhèin cuideachd. Togaidh mi taigh fiodha.

Neach-aithris: Thuir an treas muc...

Muc 3: Cleachdaidh mise an t-airgead a th' agam airson taigh airson a dhol air saor-làithean gu Disneyland!

Neach-aithris: Gabh mo lethsgheil?

Tha Muc 3 a' coimhead ciontach. Tha an neach-aithris a' leigeil osna.

Neach-aithris: Thuir an treas muc...

Muc 3: Togaidh mise taigh dhomh fhìn cuideachd.
Togaidh mise taigh breige.

Neach-aithris: Agus sin a rinn iad.

Tha Muc 1 a' dèanamh mar gum biodh i a' togail taigh.

Muc 1: Cleachdaidh mise tòrr mòr connlaich. Bidh an taigh agam brèagha!

Tha Muc 2 a' dèanamh mar gum biodh i a' togail taigh.

Muc 2: Cleachdaidh mise tòrr mòr fiodha. Bidh an taigh agamsa brèagha cuideachd.

Tha Muc 3 a' dèanamh mar gum biodh i a' togail taigh.

Muc 3: Cleachdaidh mise tòrr mòr breige. Bidh an taigh agamsa brèagha cuideachd ach cha chum mi e uabhasach sgiobalta. Agus cuiridh mi postair mòr de Ronaldo air a' bhalla agus cluichidh mi ball-coise A-STAIGH.

Neach-aithris: Tapadh leat. Bha na taighean uabhasach brèagha.
Ach aon latha, cò thàinig don àite ach... AM MADADH-ALLAIDH MÒR UABHASACH!

Muc 1: Am madadh-allaidh?

Muc 2: Am madadh-allaidh mòr?

Muc 3: Am madadh-allaidh mòr uabhasach?

Neach-aithris: 'S e. Am madadh-allaidh mòr uabhasach. Agus thuirt esan...

Madadh-allaidh: Tha an t-acras orm ach chan eil sìon anns a' chidsin. Hmm... Dè nì mi? O, tha fhios agam. Ithidh mi SIBHSE!

Tha na mucan a' sgreuchail agus a' ruith air falbh. Tha iad a' dèanamh mar gum biodh iad a' dùnadh nan dorsan às an dèidh.

Madadh-allaidh: Seall. Taigh connlaich. Sèididh mise agus sèididh mi agus leagaidh mi an taigh seo! Ithidh mi thu, a mhuc bheag!

Tha am madadh-allaidh a' sèideadh agus tha Muc 1 a' ruith air falbh.

Neach-aithris: Thuit an taigh connlaich sìos! Ruith Anna aig peilear a beatha gu taigh Eairdsidh.

Madadh-allaidh: Seall. Taigh fiodha. Sèididh mise agus sèididh mi agus leagaidh mi an taigh seo! Ithidh mi sibh le chèile!

Tha am madadh-allaidh a' sèideadh agus tha Muc 1 agus Muc 2 a' ruith air falbh.

Neach-aithris: Thuit an taigh fiodha sìos! Ruith Anna agus Eairdsidh aig peilear am beatha gu taigh Ronaldo. Chan e ach taigh Theàrlaich.

Madadh-allaidh: Seall. Taigh breice. Sèididh mise agus sèididh mi agus leagaidh mi an taigh seo! Ithidh mi sibh uile!

Tha am madadh-allaidh a' sèideadh agus a' sèideach ach chan eil sìon a' tachairt.

Tha Muc 3 a' dèanamh mar gum biodh e a' fosgladh bogsa-litreach san doras.

Muc 3: Hallò? A Mhadadh-allaidh? Ma tha an t-acras ort, tha Pot Noodle agam an seo.

Madadh-allaidh: Chan ith mi sin! Tha mi ag iarraidh MUC!

Muc 3: Pot Noodle, no thalla dhachaigh!

Madadh-allaidh: Dè an seòrsa a th' ann?

Muc 3: Coiridh.

Madadh-allaidh: Och chan eil e fèir. Cha toil leam coiridh.

Tha am Madadh-allaidh a' tionndadh 's a' falbh.

Neach-aithris:

Cha tàinig am madadh-allaidh air ais a chaoidh tuilleadh. Bha na mucan glè shona san taigh bhreice. A' chrìoch.